

GABHAIL AR PÀIRT

Geàrr-iomradh air adhartas 2018-19



#PlayingOurPart2019

spòrsalba
am prìomh bhuidheann
nàiseanta airson spòrs

Gabhail Ar Pàirt

Is e **spòrs**alba am buidheann nàiseanta airson spòrs. Tha sinn ag inbheisteadh stòrasan Riaghaltas na h-Alba agus a' Chrannchuir Nàiseanta gus muinntir Alba a chuideachadh gu nas urrainn dhaibh fhaighinn a-mach à siostam spòrs aig ìre chruinneil.

Is e Gabhail Ar Pàirt 2018-19 ar lèirmheas bhliadhnail. Tha e a' gabhail a-steach nithean cudromach san t-siostam agus sgrùdaidhean cùise mun obair againn thar na bliadhna a dh'fhalbh, a thuilleadh air dàta* a tha a' taisbeanadh an adhartais a tha sinn air a dhèanamh mu choinneamh ar tomhasan buaidh bho thoiseach a' phlana chorpóra 2015-19 againn: Togail a' Bhàir. Sa Chèitean 2019 dh'fhoillsich sinn ar ro-innleachd chorpóra ùr, Spòrs Fad Beatha.

Is e amas a' phàipeir geàrr-iomraidh seo, siostam spòrs chruinneil na h-Alba a thoirt beò le bhith a' roinn sgeulachdan dhaoine a tha air com-pàirteachadh agus air adhartachadh ann an spòrs. Tha e cuideachd a' solarachadh clàr-grafaigeach a tha a' taisbeanadh buaidh ar n-oidhirp cho-obrachail le com-pàirtichean tarsainn an t-siostaim.

#PlayingOurPart2019

* Tha an dàta ann am pàirt air a tharraing bho shuirbhidh a chaidh a ruith gus ar tabhartas a thaobh Frèam Bhuilean Alba Ghnìomhach a thomhas, sa bheil 3,000 de bhuilt cluba an sàs.



Strathmore

Bidh Urras Coimhearsnachd Club Rugbaidh An t-Srath Mhòir a' libhrigeadh sheiseanan rugbaidh do chlann le uathachas bho air feadh Taobh Tatha. Is e seo a' chiad phròiseact de a sheòrsa ann an club rugbaidh Albannach agus bha Josh Gabriel-Clarke air a bhrosnachadh gu an iomairt seo an-asgaidh a chur a dhol le a mhac Eàrdsaidh, 6, a tha air a dhaingneachadh le uathachas.

Thuirt Josh, le a dhreuchd co-òrdanachaidh air pròiseactan coimhearsnachd air a maoineachadh leis a' Chrannchur Nàiseanta tro Inbheisteach Dìreach Cluba: “Bha mi roimhe seo ag obair ann an leasachadh rugbaidh prìomh-shruthach ach tha seo fada mhòr nas buannachdail na nì sam bith eile a rinn mi.”

Claire Clark

Tha Claire Clark ag obair mar cho-òrdanaiche Sgoiltean Gniomhach ann an sgìre bhochd* gu sòisealta ann an Glaschu, a' comharrachadh sgoilearan neo-ghniomhach agus a' leasachadh phrògraman cuimsichte agus a' dhèanamh comasach dhaibh a dhol an sàs ann an dòigh-beatha nas gnìomhaiche agus nas fhallaine.

Ann an clustair sgoile Claire, tha com-pàirteachas a chruthaich i le Ionad-cleasachd Club Phollock ann an Glaschu, air cleachdadh air an ionaid-cleasachd le nigheanan ÀS3/4, a mheudachadh. Tha i cuideachd air sgoilearan a stiùireadh air an slighe ceannardais san sgoil agus san ionad spòrs coimhearsnachd.

Bha 7.3 millean tadhal gu seiseanan Sgoiltean Gniomhach air feadh Alba ann an 2017-18, meudachadh de chòrr air 6% air 2016-17.

Tha Claire ag ràdh mun dreuchd aice: “Tha thu dha-rìribh a’ faicinn na buaidh dheimhinnich a dh’fhaodas a bhith aig spòrs agus gnìomh corporra air beatha chuideigin.”




*Indeacs Albannach de Ioma Bhoichdainn (SIMD)

Wicketz

Tha pròiseact Wicketz a' comasachadh chloinne à sgìrean bochda ann an Glaschu gu crìogaid a chluich ann an àrainneachd fhàilteach agus shàbhailte.

Tha a' chiad ionad ann an Allt an Fhuarain air cluicheadairean bho 11 nàiseantachdan a tharraing. Tha an Co-òrdanaiche Nauman Javaid ag ràdh: “Is fìor thoil leis a' chloinn sin a bhith a' cluich crìogaid ach bidh sinn cuideachd a' ruith bhùithtean-obrach mu chùisean leis a bheil iad a' dèiligeadh sa choimhearsnachd, agus tha iad gabhail ris gu fìor mhath. Tha cuid de na pàrantan an sàs gu saor-thoileach cuideachd, agus tha faireachdainn làidir de bhuntanas againn uile.”

Chaidh am pròiseact a stèidheachadh le carthannas nan Ridirean Taverners ann an co-obrachadh le Crìogaid Alba, agus taic bho Sgoiltean Gnìomhach agus oifigearan ionadan spòrs choimhearsnachdan.



David Melrose

Sa Mhàrt 2019, bhuannaich Sgioba Neilson airgead do dh'Alba aig Mòr-Fharpaisean Cruinneil Crolaidh Cathair-cuibhle. Bha Daibhidh, 53, san sgioba airson a' chiad uair an dèidh a dhol làn-ùine le aonad àrd-ghnìomhaidh Croladh Bhreatainn naoi bliadhna an dèidh do chrann stàilinn tuiteam air agus a dhruim a bhriseadh.

Tha am prògram crolaidh air a ruith le in-sgioba bho institiùd spòrs spòrsalba agus iad stèidhichte san Acadamaidh Crolaidh Nàiseanta (NCA) ann an Sruighlea, a chosg £3 millean agus a dh'fhosgail ann an 2017. Thuir Daibhidh, a tha ag amas air bonn aig Geamannan Parailimpigeach 2022 ann an Beijing: "Tha an NCA gun teagamh sam bith air buaidh mhòr a thoirt air mo chùrsa-beatha."





Duncan Scott

Bha bliadhna air leth aig Donnchadh, an rionnag snàimh, ann an 2018, 's e a' cosnadh sia buinn aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis ann an Costa Òir Astràilia agus trì buinn òir agus bonn airgid sna Mòr-Fharpaisean Eòrpach ann an Glaschu.

Tha Donnchadh, 22, a tha à Sruighlea, air buannachd fhaotainn tro thaic àrd-choileanaidh chruinneil bhon institiùd spòrs aig spòrsalba on a bha e na dheugaire. Tha e ag ràdh: “Gus tu fhèin a dhèanamh nas fheàrr, feumaidh tu barrachd fheuchainn ach tha feum agad cuideachd air daoine a bhios a' coimhead ri cùisean ann an dòigh dhìofraichte agus tha mì fortanach gu leòr sin a bhith agam aig institiùd spòrs **spòrsalba.**”



COM-PÀIRTEACHADH

Atharrachadh coimeasadh bho 2015-16



+12%

barrachd chom-pàirtichean
Sgoiltean Gnìomhach (309,000)



+10%

barrachd bhuill a' cluich ann an
clubaichean le taic (556,000)



+11%

barrachd bhuill cluba a'
cluich cleamhnaichte do
SGBan (787,000)



63%

de chom-pàirtichean sa chlub nas
gnìomhaiche bho thòisich iad

DAOINE

Atharrachadh coimeasadh bho 2015-16



22,800

neach-libhrigidh
Sgoiltean Gnìomhach

+11%



21,300

coidsichean ann an
clubaichean le taic

+11%



45,400

coidsichean
cleamhnaichte ri SGBan

+3%



+8%

7,200 com-pàirtiche a' gabhail
chothroman stiùirichean òga



+3%

9,300 a' frithealadh
chothroman coidsidh CPD*

64%

dhiubhsan a' coidseadh no saor-thoileach ann an club a'
faireachdainn **gun robh iad air sgil ùr ionnsachadh**

* Atharrachadh coimeasadh bho 2016-17

👍 ÌOMHAIGH

124

tachartasan corporra
bho 2015-16, le còrr air

13,000

neach-frithealaidh



27,000

neach-cleachdaidh air iris dhidseatach
Spòrs An Toiseach

Atharrachadh coimeasadh bho 2017-18

+24%



74,000

sealladh duilleig air leth

+48%

TRÌ

seiseanan trànaidh
conaltradh didseatach
ann an 2018-19

le

56

neach-frithealaidh

bho

30

SGBan



70%

de luchd-freagairt a'
faireachdainn gun do
mheudaich an tràanadh am
mothachadh do chothroman
air pròfaidhl an spòrs
a thogail



83%

de luchd-freagairt a'
faireachdainn gun robh an
trèanadh a' riochdachadh
cothrom lionraidh feumail



ADHARTAS



44
buinn



air am buannachadh le Sgioba Alba
aig Geamannan a' Cho-fhlaitheis
2018 - Na Geamannan a b' fheàrr
a-riamh air falbh a thaobh
àireamh bhuinn.



9 òr



13 airgead



22 umha



sportscotland
institute of sport
high performance expertise

35

luchd-obrach institiùd spòrs a'
toirt taic do lùth-chleasaichean
Alba uile tarsainn

18
spòrsan

79%

de chom-pàirtichean ballrachd cluba
a' faireachdainn gun robh iad air fàs
nas fheàrr air spòrs/gnìomhachd



95%

de chom-pàirtichean ballrachd
cluba a' faireachdainn gun robh
iad a' coileanadh an amasan



 **ÀITEACHAN**

145 duais ghoireasan bho 2015-16

inbheisteadh
£32.2m

comasachadh inbheisteadh de

£155.4m



Làithean com-pàirteachaidh
iomlan meudaichte gu

21,389

+16%

Eòlas còmhnaidheach
air a thoirt do

2,481
sgoillear bho

62

sgoil prìomh-shruthach
agus feumalachdan
taic a bharrachd

Goireas air a chleachdadh le **16 SGBan**
agus clubaichean bho **12 spòrsan**



CO-IONANNACHDAN IS IN-GHABHAIL

SIMD*

22%

de chom-pàirtichean
Sgoiltean Gnìomhach



20%

de na sgìrean
as bochda

GNÈ



48%

de chom-pàirtichean
Sgoiltean Gnìomhach
boireann

AOIS

17%

de bhuill inbhich
club aois

55-64

10%

de bhuill inbhich
club aois

65-74

CIORRAM



8%

de bhuill inbhich
club le ciorram

AOMADH GNÈITHEACH

5%




de bhuill inbhich club
gan comharrachadh
dà-sheòrsach no
co-sheòrsach

CINNIDHEACHD

2%

de bhuill inbhich club
Measgaichte no Ioma;
Àisianach, Àisianach
Albannach no Àisianach
Breatannach; Afraganach,
Cairbian no Dubh; Eile



96%

Geal Albannach;
Geal Breatannach;
Geal Eile; Geal
Èireannach

2%

nach robh
airson a ràdh

*Indeacs Albannach de Ioma-Bhocdàinn

FAIGH A-MACH TUILLEADH

Leugh na sgeulachdan agus rannsaich an dàta aig Gabhail Ar Pàirt 2018-19 air-loidhne.

sportsotland.org.uk/playingourpart

#PlayingOurPart2019

Prìomh Oifis

Doges, Templeton on the Green, 62 Sràid
Templeton,
Glaschu G40 1DA

Fòn 0141 534 6500
Facs 0141 534 6501



sportsotland.org.uk

© **sport**scotland 2019
ISBN: 978 1 85060 639 0

 Awarding funds from
THE NATIONAL LOTTERY®

sport
scotland | **spòrs**
alba